

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

Agallamh: A' treabhadh

DM: Donnchadh MacDhùghail

FN: Flòraidh NicCathbharra

EE: Emily Edwards

DM: **[00:00]** Uill, bha iad a' treabhadh fiar a' chiad bliadhna.

EE: *Uh-huh*

DM: Bha thu...

FN: Fiar? *Lea*

DM: *Lea*. 'S e. Fiar. A' chiad bhliadhna.

FN: (gàireachdainn) Fiar.

DM: Uill, 's e an dòigh a bha iad a' dèanadh, tha fhios agad...

EE: *Grass?*

FN: Yes.

DM: . . . a shon cur. Uill son le fìdheall a bha iad a' cur, agus... Uill, bha *broadcast* ann cuideachd ann an mòran de dh'àiteachan. Bha an t-each agad agus folas 's rud a bha a' cur an t-sìl 's bha na h-uibhir de ghnoth... de *mhachinery* ann, ach **[00:30]** 's e fìdheall as motha a bha dualach, na gum b'è thùdaich na *seeders* a tha sin

FN: Fìdheall? 'S e sìol. . .rud a bheil sibh... cur?

DM: Cur an t-sìl, *yes*, 's e dìreach fìdheall agus *chest*... tha fhios agad.

EE: Seadh.

DM: Bha thu a' cur . . . bha thu a' cur leis. Agus, uill 's e sin car 'on a bha thu a' cur a-staigh, a h-uile còig sion sgrìob bheag agus, uill, chìtheadh tu cà' robh thu a' dol leis an t-sìol, cha robh mìr cailte.

EE: Seadh. **[01:00]**

FN: Cha robh. Bha thu dìreach a' dèanadh *line*.

DM: *Line*.

EE: Agus cia mheud eich a bhiodh agad nuair a bha thu a' dèanamh sin, dìreach...?

DM: Uill, bha *seeder* gu math trom ann, agus bha *discs* air, agus bha rud air a shon... Bha e a' tomhas a' ghrunnd cuideachd...

EE: 'S e.

DM: ...ge b' e dè 'n dòigh, a bha e a' tomhas na dhèanadh tu. Agus 's e dà each. 'S bha iad, bha e car trom air , bha e car trom air **[01:30]** eich ceart gu leòr, bha, tha fhios agad, bha pill chur...nan robh àite cas ann. A-rithist bha *broadcast* ann, bha aon each ann 's bha dìreach na tuaighear rud mòr 's bha e cur imirean aig an àm. 'S bha thu sin ga chliathadh.

EE: Seadh.

DM: Agus *coverigeadh* an t-sìl. Agus. . .

FN: Uill, tha. . .

EE: Is dè na h-innealan a bha sibh a' cleachdadh, *what*, dè na *tools*...

[02:00]

DM: Na *tools*.

EE: ...a bha sibh a' cleachdadh ris an ..?

FN: Na gnothaichean a bha thu *ag usadh*.

DM: Na gnothaichean a bha thu *ag usadh*. Uill, bha thu *ag usadh*. Uill, bha thu...

EE: A bheil cuimhne agad?

DM: Air shon sil bha thu dìreach *ag usadh* aona chuid de fìdheall, no *seeder*, no *broadcast*, bha fìdheall, chan eil e math dhuinn sin a' dhì-chuimhneachadh (gàireachdainn)... bha an fhìdheall aca air shon. . . air 'on, air 'on a' ghnòthach. Bha mise... dà each a bha mise... **[02:30]**

EE: Dà?

DM: Dà each. Ach bha crann dà-sgrìobaire air àiteachan cuideachd 's bha trì eich na ma bha thu a' treabhadh talamh leasaichte mar a their *Redland* ris tha fhios agad, dhèanadh dà each feum (gàireachdainn), dà each a bha air.

EE: 'S cuine stad iad a' cleachdadh eich?

DM: Uill, bha iad a' dol gus na *nineteen-sixties* an seo.

EE: *Nineteen-sixties*.

FN: Bha iad *ag usadh* mòran eich.

DM: Bha. Bha. Mòran eich. Agus. **[03:00]** Bha.

FN: Agus, bhiodh iad a' tighinn far an robh sinn. Bhiodh iad a' dol chun na *plewing-match* is m' athair bha gan...dèanadh deas, agus bha athair S----- sònraichte math air treabhadh.

EE: O, an robh.

FN: Agus fhuair e *Highland Society medal*.

DM: O bha, o fo Dia bha. Bha *plew-matches* ann. A' chiad...

EE: An robh Gàidhlig air *ploughing-matches*, cha robh?

DM: Latha-treabhaidh. **[03:30]** Uill, latha-treabhaidh a theireadh tu nan robh thu leithid. . .nan fheadhainn na coimhearsnaich a' cuideachadh le duine. 'S e latha-treabhaidh a bha iad...

FN: Bha iad a' cuideachadh le a chèile san àm sin. Agus bha iad fiadhaich gasta.

EE: Agus dè bha a' tachairt aig an latha, aig an latha-treabhaidh?

DM: Uill, bha pìos air a chur a-mach mud choinneimh, bha thu a' triseadh, bha *pionachan* ann a h-uile lot. Agus bha thu a' toirt **[04:00]** do lot a-mach às ada. (gàireachdainn) Agus, bha thu a sin a' cur, bha thu a' cur a-staigh an druim. Bha thu a' *set* na *polaichean*.

FN: *The* druim. *That's the beginning*.

DM: 'S e druim. Bha thu a' cur a-staigh druim, agus...

EE: *Right*.

DM: .. Co-dhiù. Chuala mise *plew-match*, à Tiristeach...Uill, bha, **[04:30]** o, bha na h-eich a' chiad triop, bha na h-eich agam ceart gu leòr a' chiad triop, ach an dàrna triop a bha mi ann, thug aon aca, uill, bha e car na . . .tioram air a sin, ach co-dhiù, o dhèan mi dheth, dhèan mi dheth, fhuair mi dheth 's steall de *phrizes* leam co-dhiù (gàireachdainn).

FN: Bha iad a...

DM: Uill, chaidh leam *alright*, fhuair mi gu, ach e ... Bha thu a' cur a-staigh **[05:00]** a-staigh an druim 's bha thu sin, air triop 's ann an triseadh, triseadh a bha thu, a' chiad dà, leithid seo de dh'iomallaichean mun cuairt, agus sin bha thu sin a' *startadh* air an sgoltadh ris an fheadhainn, am fear a bha (??)

EE: Agus am biodh cèilidh ann às dèidh am *match*?

DM: A Dhia, bha *ball* ann às dèidh a' *phlew-match*.

FN: *Ball* mhòr!

DM: *Ball* mòr!

FN: O bha mise aig cuid de na balltan, a bheil fhios agad, **[05:30]** cho bh'

ann

DM: O Dia, bha sinne a-mach aig *ball* triop a bha sin.

FN: (gàireachdainn)

EE: 'S dè cho tric 's a bha iad?

DM: Dè?

EE: 'S dè cho tric 's a bha iad?

DM: Uair sa bhliadhna.

EE: Aon uair, aon uair.

DM: B' àbhaist a' *phlew-match* a bhith mun *ninth of February*, a' chiad Diciadain de *February* b' àbhaist a' *plew-match* a bhith ann. Agus, uill...

EE: 'S cèilidh mhòr agaibh às dèidh làimh?

DM: Bha, uill, tha fhios agad, 's e càirdean as motha, tha fhios agad, bha

[06:00] na *cronies* 's na càirdean, agus... (gàireachdainn) agus, e, co-dhiù.

FN: Och aidh, bha daoine .. gasta.

DM: Bha. Bha.**[06:11]**